

Turas San Lochmor

Julie Fowlis

An nì a bha nam inntinn gun inns mi dhuibh an rann:
Gu falbhainn dh'aindeoin sìde air sgrìob do thìr nan Gall,
Le бага làn de chearcan agus rudan a bha gann -
Gum bithinn aig Bliadhn' Ùir ann 's gun chùmhnaidh air an dram. Diciadain dh'fhalbh mi
casruisgt' le mo bhagaichean nam dhòrn,
A' dol a Loch nam Madadh ghabhail aiseag san Lochmor;
Bha fuachd na mo chasan-sa 's bha sneachd' air bhàrr nan lòn ?
Cha dìochuimhnich mi 'n t'allaban cho fad' 's a bhios mi beò. Nuair ràinig mi a' cheàrdach,
àrdach duine chòir
A thug a?staigh gun dàil mi 's a nochd dhomh càirdeas mòr,
Thug dhomh tì a b' fheàrrde mi ri aghaidh bhlàth an stòbh ?
Gu seasainn fuachd nuair dh'fhàg sinn le mo chaiseart blàth 's lem chòt'. Nuair dh'fhalbh an
carbad-ola leinn 's ar n'aghaidh thoir dhan tuath,
Bha sinn greis an Cearsabhagh a' blasad air stuth cruaidh;
Gun tàinig Bean na Maise 's am muir geal oirre mun cuairt,
'S chanainn fhìn gum b' amadan a rachadh innt' air chuan.
Nuair thog i mach gu farsainneachd, 's sinn airsnealach is sgèth,
Nuair thòisich cur na mara oirnn, bu mhath a bhith air tìr;
Bha mise mar bha càch, le spàirn orm a' strì ?
An drama dh'òl mi 'n Cearsabhagh, bu duilich dhealaich sinn. On ear?dheas bha i sèideadh
oirnn, gun choltas tighinn na b' fheàrr,
Bha sinn uil', oir b' fheudar dhuinn, nar sìneadh air an làr;
Nuair readh i sìos dhan chlaisidh leinn 's am muir a' sgailceadh àrd,
Bha cùram air gach neach againn nach tilleadh i gu bràth. B 'e siud an oidhche ànranach a bh'
againn anns a' bhàt',
Ach ràinig sinn Loch Baghasdail le dìon an Tì as Àird;
Thug mi leam mo bhagaichean agus thàrr mi às a' bhàt' ?
Chan fhanainn?sa na b' fhaid' innte ged rachainn dhan taigh-gheàrd! Fhuair mi cadal socair ann
an dachaigh dhaoine còir,
Aig Maiseig Ruadh, 's mo ghràdh oirre, oir nochd i càirdeas dhòmhs':
Guma fada slàn i, oir 's bàidheil i na dòigh
Gu gabhail ro aon ànranach a dh'fhàgadh an Lochmor.
Mun crìochnaich mi an t-òran seo, gun inns mi dhuibh an còrr:
A?màireach thill mi dhachaigh agus botal na mo phòc;
Chruinnich sinn na càirdean gu pàrtaidh dhe gach seòrs',
Is cha robh h?aon a thàinig leinn a chàineadh an Lochmor!

Lyrics provided by <https://www.omusic.in/>